

CUAIRT-LITIR Foghar 2009



ceummannan

Tha e againn!

Duilleag 4

Farpais!

Duilleag 5



An t-Alltan	2
Goireasan ùra...	3
Ceummannan	4
Farpais	5
Stuthan ùra	6
Measadh mòr	6
Prògram ùr	7
Cuairt dràma	8
Criomagan	9



CUAIRT-LITIR Foghar 2009

An t-Alltan 2009: bheil sibh air clàradh fhathast?



Thig còmhla rinn a rannsachadh iomairtean ionnsachaidh agus teagasg do dh'fhoghlam Gàidhlig aig **Stirling Management Centre**.

Tha an t-Alltan a' toirt cothrom do thidsearan Gàidhlig tighinn còmhla a thoirt sùil air iomairtean teagasg agus ionnsachaidh ùra tro shreath de dh'òraidean agus bùthan-obrach a tha ceangailte ri goireasan a th' air ùr-nochdadh no a th' anns a' bheairt aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha a' Cho-labhairt an-asgaidh do thidsearan agus tha 108 àite ann don bhun-sgoil/luchd-obrach thràth-ìrean agus 72 don àrd-sgoil. Tha aon àite air a ghleidheadh sa chiad dol a-mach do gach sgoil agus bheirear àiteachan eile do luchd-tagraidh ann an òrdugh iarrais; mar as luaithe a nì sibh clàradh 's ann as dòcha gum bi àiteachan a bharrachd rim faighinn.

Tha àiteachan-fuirich rim faighinn air prìs lùghdraichte de £50 an duine gach oidhche dhaibhsan a tha a' teagasg anns na sgìrean a leanas: Comhairle na Gàidhealtachd; Comhairle nan Eilean Siar; Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid; Comhairle Bhaile Obar Dheathain; Comhairle Siorrachd Obar Dheathain; Comhairle Aonghais; Comhairle Mhoireibh.

NB Feumar fios a leigeil gu Stòrlann **ro 30 Sultain** mura bheil neach a th' air seòmar a ghleidheadh an dùil a bhith an làthair no thèid cunntas airson na prìs iomlain (£80 an duine gach oidhche) a chur chun na sgoile/ùghdarras agaibh.



Ùr airson 2009! SREATH CÀNAIN – 24 àite a-mhàin!!!	Seiseanan bun-sgoile	Seiseanan àrd-sgoile
Cùrsa dà latha còmhla ris an eòlaiche-cànain Ruairidh MacIlleathain agus Catriona Mhoireach, aig a bheil deagh thuigse air feumalachdan thidsearan.	Gàidhlig mar eòlas tar-curraicealaim: targaidean cànan ann an ionnsachadh agus teagasg eile (a h-uile duine)	Ceumannan' – sùil air a' chiad ìre agus sùil air adhart don dàrna/treas ìre (a h-uile duine)
Ma tha misneachd a dhith oirbh a thaobh cànan – gràmar, litreachadh no eile – seo ur cothrom a dhol tro na structaran còmhla ri luchd-taice a bheil deagh bhun-stèidh dhuibh.	Eòlasan tar-curraicealaim: dleastanas nan uile (a h-uile duine, le sùil gu sònraichte air matamataig is saidheans aig a' chiad 's an dàrna ìre)	'Eòlasan tar-curraicealaim: dleastanas nan uile (a h-uile duine)
Bidh compàirtichean a' chùrsa cuideachd a' frithealadh nam prìomh òraidean gach madainn.	A' cleachdadh Kar2ouche (roghainn phearsanta)	Dealbhachadh nan goireasan agaibh fhèin: masterclass (roghainn phearsanta)
	A' leasachadh cànan tro dhràma (roghainn phearsanta)	Ag eadar-theangachadh no a' cruthachadh nan goireasan agaibh fhèin: masterclass (roghainn phearsanta)
	A' leasachadh cànan tro sgeulachdan (roghainn phearsanta)	Eòlasan tar-curraicealaim: dleastanas nan uile. Àireamhachd, litearrachd agus slàinte ann an saidheans agus matamataig san àrd-sgoil (roghainn phearsanta)

www.storlann.co.uk/an-t-alltan



An t-Alltan

Goireasan ùra ...

Ceumannan

Farpais

Stuthan ùra

Measadh mòr

Prògram ùr

Cuairt dràma

Criomagan

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Fochar 2009

Goireasan ùra dhan bhun-sgoil gan cur air bhog ann an Inbhir Nis

Thàinig sgoilearan bho **Bhun-sgoil Pholl Lòchaidh** agus bho **Bhun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis** còmhla ri **Stòrlann** ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh an Inbhir Nis air an 9 Ògmhios, cuide ri foillsichearan is caraidean eile, gus trì goireasan ùra a chur air bhog. Mhìnich **Dòmhnall Iain MacRisnidh**, an t-Oifigear Phròiseactan a bha os cionn nam pròiseactan, buannachdan agus amasan nan goireasan:

Tha **Mo Chreideamh** a' toirt sùil air diofar chreideamhan an t-saoghail ann an co-theacsa Albannach agus tro shùilean òigridh. Tha an goireas air a dhealbhadh airson clàr geal.

Tha an geama-bùird **Siuthad!** ag amas air sgilean Gàidhlig sgoilearan **GLPS** a thoirt air adhart agus sheall sgoilearan Pholl Lòchaidh dhuinn cho math 's a tha a' Ghàidhlig aca fhèin, le bhith a' gabhail dà òran bhrèagha dhuinn.

Tha **Kar2ouche: Sgrìobhadh cruthachail** airson coimpiutair no clàr geal agus leasaichidh e sgilean sgrìobhaidh nan sgoilearan tro bhith ag ath-innse uirsgeulan agus sgeulachdan traidiseanta. Fhuaras taisbeanadh sgoinneil bho sgoilearan Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis anns an sheall iad dhuinn mar a chruthaich iad na sgeulachdan aca fhèin leis a' ghoireas.

Rinn na sgoilearan air fad oidhirp mhòr agus thug iad dhuinn madainn thlachdmhor dhà-rìribh. Ar taing dhaibh uile, agus dhan a h-uile duine eile a bha an làthair.



An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Foghar 2009

Ceumannan ...



Mu dheireadh thall, tha e againn! Ceum beag do mhac-an-duine, ach ceum mòr do **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig!** Tha **Ceumannan 1** le **Emma Christie** – a’ chiad leabhar ann an cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil, air nochdadh sna sgoiltean agus tha tidsearan agus sgoilearan air a bhith a’ dèanamh sogan ris. Tha an cùrsa steidhichte air a’ **Churraicealam airson Sàr-mhathais** agus a bharrachd air eacarsaichean anns na ceithir sgilean buanaiteach aig diofar ìrean, gheibhear faclair, òrain, leasan air cultar agus cànan san leabhar thaitneach, ghrinn. Tha na h-eacarsaichean air am filleadh ri chèile le dealbhan a tha freagarrach agus tarraingeach do sgoilearan aig an ìre seo. Tha gleans air, ach tha susbaint ann cuideachd.

Chan e deireadh na sgeòil a tha seo idir, ge-tà. Am faca sibh **Ceumannan Air-loidhne** fhathast? A bheil sibh gar leantainn air **Twitter**? An do chuir sibh rap air **YouTube**? An d’ rinn sibh cabadaich ri luchd-ionnsachaidh aig ceann eile na dùthcha air **GLOW**? Bidh cothrom agaibh gach rud a tha seo a dhèanamh a dh’aithghearr. Tha tòrr ghoireasan feumail, snasail do sgoilearan agus do thidsearan air-loidhne mar-thà air **www.storlann.co.uk/ceumannan** agus tha sinn a’ cur ris gach seachdain. Chì sibh geamannan, eacarsaichean leudachaidh, faclair a bhruidhneas ribh, earrannan èisteachd, cothroman sònraichte conaltradh a dhèanamh le sgoilearan eile agus obair sgoilearan eile agus obair ealain, ceòl, sgrìobhadh agus cò aig



a tha fhios dè eile? Mar as motha a thèid an làrach a chleachdadh, ‘s ann nas motha a dh’fhàsas e. Tha cothroman ann cuideachd dealbhan-èibhinn a tharraing le bathar-bog a bhios cuideachd gu feum ann an clasaichean nam fileantach. Cha do dhiochuimhnich sinn idir na tidsearan. Tha notaichean, comhairle air a’ chùrsa, fiosrachadh feumail mun **Churraicealam airson Sàr-mhathais**, pròiseactan agus geamannan a ghabhadh a chleachdadh ann an clasaichean luchd-ionnsachaidh rim faighinn an seo.

Cuimhnichibh gu bheil **Ceumannan 2** anns a’ bheairt agus tha sinn an dòchas gun nochd sin air an treas team 2010. Tha sinn airson ‘s gum bi an cùrsa air fad furasta a làimseachadh, tarraingeach, feumail agus, nas cudromaiche buileach, gun tog e ùidh ann an Gàidhlig ann an luchd-ionnsachaidh, gam misneachadh agus gam brosnachadh gu fileantas. Bu mhath leinn meala-naidheachd a chur air Emma, luchd-obrach Stòrlann eile agus gach duine a dh’obraich gu cruaidh air a’ phròiseact.

Airson Ceumannan a chur air a chasan, tha sinn air farpais a chur air dòigh. Tha fiosrachadh mun farpais gu h-ìosal le duaisean air leth math rim faighinn.

Siuthadaibh! Tha sinn air bhioran an seo a’ feitheamh ris na filmichean agaibh fhaicinn!

An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



ceumannan Farpais!

**A bheil thu ag obair air Ceumannan an-dràsta?
Are you working on Ceumannan just now?**

How would you like to win some state-of-the-art IT equipment for your class and an Amazon voucher for yourself?

To launch the new **Ceumannan** course, **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig** is inviting you to take part in a brand new competition.

We're looking for a rap, a play or a song performed by one person, a pair, a group or your whole class based on the new language you are learning in Ceumannan. To take part, you must be in first year in secondary school. Your entry can be brand new, written by you and your classmates or even a different take on a rap, a play or a song from the book – as long as you give us your best performance of it. The language should be at the same level as the work you are currently doing in **Ceumannan**.

Post your film on YouTube, tag it with "**Ceumannan**" and then email the link to ceumannan@storlann.co.uk giving your name(s), class and school. The best and most original entry will win the prize. The competition will close on **Wednesday 30 September** and winners will be notified before the October holidays.

**Siuthad a-nise! Faigh duais dhan sgoil agus dhut fhèin!
On you go, now! Get a prize for your school and for yourself!**

www.storlann.co.uk/ceumannan



An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Foghar 2009

Stuthan ùra eile

Tha na leanas air a dhol thugaibh sna sgoiltean agus tha sinn gu mòr an dòchas gum bi iad gu feum dhuibh:

Fuasgail is Freagair: Leabhraichean Mòra matamataig bho Kingscourt

Uamh nan Cnàmhan: nobhail do cheann shuas na bun-sgoile

IT nan tràth ìrean: dìosg làn ghnìomhan do sgoilearan òga

Mo Chreideamh: stuthan airson Foghlam Creideimh is Moraltachd


Siuthad!: geama-bùird GLPS

Lorgan Litreachaidh: gridaichean ìre 2

Matamataig TJ Ìre D: leabhar teacsa

Sgrìobtaichean dràma: do dh'fhileantaich san àrd-sgoil

Kar2ouche Sgrìobhadh cruthachail: dìosg eile san t-sreath



Measadh Mòr

Cumaibh sùil a-mach ann an teirm a' gheamhraidh airson foirmean a' Mheasaidh Mhòir againn. Seo ur cothrom beachdan a thoirt dhuinn air na stuthan a tha sinn air a dhèanamh dhuibh thairis air na grunn bhliadhnaichean a chaidh seachad agus air na feumalachdan a th' agaibh airson an àm ri teachd.

Thèid na foirmean uile don aid agus bidh duaisean mòra ann don chiad fheadhainn a thig aiste!



An t-Alltan
Goireasan ùra ...

Ceumannan
Farpais

Stuthan ùra
Measadh mòr

Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk



www.gaelic4parents.com



CUAIRT-LITIR Foghar 2009

Prògram ùr

S eo na stuthan a th' air a' phrògram airson 2009-10. Tha an deagh chuid dhiubh mar-thà a' ruighinn ìre agus bidh blasad de rud no dhà ann dhuibhse a tha a' tighinn chun 'An t-Alltan'.



Bun-sgoil	Àrd-sgoil
Leabhraichean 4 gu 7 ann an sreath Fuasgail agus Freagair	Gàidhlig: Sgeulachdan goirid ùr (coimisean mu choinneamh foillseachadh ann an 2010-11)
Mìrean: pileat de stuthan a' phrògram-cànain ùir	Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh: Ceumannan 2 ga dhealbh agus Ceumannan 3 agus 4 gan sgrìobhadh
Earrannan measadh-tuigse	Gàidhlig: Rannsachadh a thaobh cùrsa cànain do dh'fhileantaich
Nobhail Ailig Aurora do cheann shuas na bun-sgoile	Gàidhlig: Pasgain air topaigean
Sreath dhealbhan-cluiche le eadar-sgaradh don bhun-sgoil bho Kingscourt	Gàidhlig: Pàipearan-deuchainn
Stuthan ùra GLPS	Saidheans: Leabhar Sgoileir 1 bho Hodder Na ciad stuthan ann an Sgeama Saidheans Ghlaschu Prògramadh ga dhèanamh airson goireas IT bho Daydream Education
Cairtean Gàidhlig airson an cleachdadh le bòrd Siuthad!	Eachdraidh: Leabhar mun Ghearmailt bho Heinemann Leabhar Linn nan Caochlaidhan Mòra bho Imprint Leabhar Alba sna Meadhan Aoisean bho Heinemann Aonadan don chiad agus don dàrna bliadhna
Sreath air an àrainneachd bho Kingscourt agus National Geographic	Cruinn-eòlas: Leabhar Cruinn-eòlas Eadar-mheadhanach
Stuthan san treas ìre de Chatriona air Chuairt	Matamataig: TJ Ìre F: leabhar agus pasgan taice TJ Ìre D: stuthan measaidh agus obair-dachaigh TJ Ìre F: stuthan measaidh agus obair-dachaigh
	Cuspairean eile: Pasgan de stuthan airson Eaconamas Dachaigh Postairean airson Foghlam Corporra Learn Listening Online (le LTS)
	An Seotal: Briathrachas Cìuil, Saidheans agus Cruinn-eòlas

An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



Cuairt Dràma do dh'Fhileantaich san àrd-sgoil

Ro dheireadh na bliadhna, bidh **Eadar Dà Sgeul**, cruinneachadh de sgeulachdan goirid le measgachadh de sgeulachdan ùra agus sgeulachdan aithnichte, a' nochdadh sna sgoiltean. Tha **Stòrlann** air seachd sgeulachdan às a' chruinneachadh a chur ann an riochd sgrìobtaichean dràma:

An Taghadh le Iain Mac a' Ghobhainn

Am Partaidh Purpaidh le Dòmhnall Iain MacIomhair

Na Stocainnean le Iain Mac a' Ghobhainn

Bòrd do Dheichnear le Dòmhnall Iain MacIomhair

Aon Fheasgar ... le Pòl MacAonghais

Cafaidh Ranji le Dòmhnall Iain MacIomhair

Ri Aghaidh na Creig le Maoilios Caimbeul

Chaidh sia dhiubh a sgrìobhadh le **Dòmhnall Iain MacIomhair** agus fear eile le **Aonghas Iain MacDhòmhnail**.

Fhuair cuid de sgoiltean cothrom **Am Partaidh Purpaidh** fhaicinn air an àrd-ùrlar nuair a thadhail **Meanbh-chuileag** orra san Ògmhios 2009. Bha cothrom aig sgoilearan pàirt a ghabhail anns na bha a' dol air adhart agus tha sinn an dòchas gun d' fhuair Seumas Gilleasbuig MacSonachan agus an sgioba gu lèir a' bhòt aca!

Tha sinn an dòchas gum bi na dealbhan-cluiche gu feum airson dràma, labhairt agus leughadh airson tlachd a bhrosnachadh ann an clasaichean Gàidhlig, mar a thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Bheir iad cuideachd taic do sgoilearan aig a bheil duilgheadasan na sgeulachdan fhèin a thuigsinn agus tha sinn an dùil gun dèan iad feum san fharsaingeachd do sgoilearan a tha airson coimhead air litreachas Gàidhlig ann an riochd eile.



An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk

www.anseotal.org.uk

www.gaelic4parents.com





Farpais Kar2ouche: luchd-buannachaidh

Tro theirm an t-samhraidh ruith **Stòrlann** farpais do chlasaichean 4 gu 7 sa bhun-sgoil san robh cothrom aig sgoiltean bogsa **'Roving Director'** bho **Edujam** (stuth airson bhidio a chlàradh) a bhunnachadh le bhith a' cruthachadh beò-dhealbh eadar 90 diogan agus 3 mionaidean a dh'fhaid leis a' bhathar-bhog ùr bho **Stòrlann/Immersive Education**. Bha duais 'Roving Reporter' (stuth airson fuaim a chlàradh) mar dhàrna duais.

Cha b' urrainn dha na brìtheamhan sgaradh a dhèanamh eadar na beò-dhealbhan bho **Bhun-sgoil Shiaboist** agus **Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis** agus mar sin tha na sgoiltean sin le chèile a' buannachadh bogsa **'Roving Director'**. Bidh na beò-dhealbhan aca air làrach Stòrlann ann an ùine gun a bhith fada.

Meala-naidheachd air Siabost agus Inbhir Nis!

kar2ouche®

Pròiseactan a tha a' ruighinn ìre agus a bhios agaibh ann an ùine gun a bhith fada...

Aig clò...

Facclair na Sgoile

Persephone: leabhar mòr ann an sreath Inside Stories

Na Ceithir Dràgoin: leabhar mòr ann an sreath Inside Stories

Catriona air Chuairt: an dàrna cruinneachadh de stuthan

Hataidh agus Tataidh: leabhar mòr airson nan tràth ìrean

A' ruighinn ìre...

Cearcall a' Chruinne-cè:

cruinneachadh bàrdachd do bhun-sgoiltean

Sàr-obair: stuthan aig ìre C

Sgrìobhadh com-pàirtichte:

Taghadh de theacsaichean

Kidnapped 2006:

nobhail don àrd-sgoil



An t-Alltan
Goireasan ùra ...
Ceumannan
Farpais
Stuthan ùra
Measadh mòr
Prògram ùr
Cuairt dràma
Criomagan

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com

